


Na Bong!es

agus Na Starragan Carach



Sgrìobhte le
Oscar Van Heek



Eadar-theangachadh le
Johan Nic a' Ghobhainn



Dealbhan le
Dean Queazy

Na Bongles – agus Na Starragan Carach

Sgrìobhte le
Oscar Van Heek

Eadar-theangachadh le
Johan Nic a' Ghobhainn

Dealbhan le
Dean Queazy



Na Bongles

Seo **Bubba Mòr Mòr**.
Is e tha spòrsail.
A chridhe air a mhuinchill,
agus a mhionach a' rùchdail.



Seo **Eachann Eanchainn**
Le speuclairean tha teann air,
Tha am fear seo cho glic
's nach bi uair sam bith greann air.




Tha earball air a roinn aig **na càraidean**
'S tha iad coltach ri chèile nan nàdar.
Strì is Dorran:
Sin an ainm agus an dòigh.





Seo **Seasag**:
is toigh leatha a h-aodach,
's tha i an-còmhnaidh deiseil
airson a shealltainn do dhaoine.




Seo **Peata Reata Ròbot**.
Gun ann ach pàirtean a chòrr.
Ach thèid e na rud sam bith
agus dlùth do an cridhe gu leòr.





Air planaid fada air **falbh**,
bha an oidhche dubh-dorcha,
a' cur fàilte air latha nach robh **balbh**.



Bha **na Bongles** nan cadal
's a' bruadar gun **sgur**,
nuair thàinig trì bucais fhiodha
ge bith cò às - à tìr no **muir**?



Aon làn shoithichean
is aon làn bhonnaich,
is aon làn aodaich
's a h-uile seòrsa treallaich.



Bha **Seiseag** air a dòigh.
'S ise bhiodh spaideil,
ach dh'fheumadh i bhith luath,
oir bha na starragan ri faire.



Chaidh iad air an ceann dìreach
is ghoid iad drathais is bròg,
sgèith iad air falbh
le bìog agus bòg.



Bha **Bubba** le plionas mòr
is e millte le **bonnaich!**
Dèante le dearcagan
a lìonadh a **mhionach.**





Ghabh e gàmag mhòr
mus tug e feart do na **starragan**,
coltas an acrais orra uile
is iad proiseil nan **luideagan**.



Eagal gun goideadh iad
am biadh a b' fheàrr **leis**,
le aon phut mòr
chaidh am falach dhan **phreas**.

Bha **Strì is Dorran** le iongnadh
a' dian-choimhead dhan **bhucas**,
dh'fhalbh iad le glainneachan
truinnsearan is **cupa**.



Thòisich iad gan sadail
àrd suas dhan an **adhar**,
ach thàinig na starragan
's cha b' e sin adhbhar **gàir**'.






Nis bha Peata gan coimhead
is ghabh e cùisean os làimh,
dh'èigh e nall orra uile
a dh'innse na bha 'n dàn.

Thog iad na bucais
agus dh'fhalbh iad le fruis
sios chun an t-seada
nan cabhaig 's le rus.




A' fanaid bha **Bubba Mòr;**
mas fhìor gun robh e eòlach.
Is e mar-thà air cur air falach
Na bonnaich mhòra leòmach.







Chaidh e a shireadh
a' bhucais a bha falaichte,
ach cha b' fhada gun d' thuig e
gun robh e ro fhadalach.

Bha na starragan a' sgiamhail
's iad glan air an dòigh,
bonnaich bhlasta nam broinn
abair thusa plòidh.







Leig **Bubba** èigh mhòr
's ruaig e iad air **falbh**,
gun dàil gun deach e
a shireadh 's a lorg **chàich**.



Bha na bucais a-nis còmhla,
is sàbhailte **a-staigh**.
Ach dh'fheumte facal-faire
rud nach biodh na **dhragh**.




Smaoinich e mu àireamh
a ghlasadh an doras.
Thachais e a cheann is...
Aon, dhà, trì, ceithir.

B' ann sunndach an ceum
a' dol chun na tràghad,
an glas air an doras
a chumadh a-mach càch.






Ach bha starrag air a bhith prosbaig
shuas àrd anns na craobhan,
is thug i fa-near
nach biodh seo na dhùbhlán.



Sgèith i sìos gu h-obann
's chuir i àireamhan an òrdugh.
Dh'fhosgail i an doras,
b' ann an seo a bhiodh am pàrtaidh!




Thàinig an uair sin starrag eile
is a caraidean nan àl,
a dh'itheadh gach nì
cha do dh'fhàg iad aon chàil.



A' sgiamhail 's a' cagnadh,
bonaidean mun cinn.
Spòrs is fealla-dhà,
is fuaim nach robh binn.



Ach chuala Peata an guthan
is dh'èigh e gu cruaidh,
a làmhan a' smèideadh,
gun toireadh esan buaidh.



Car an siud 's car an seo,
bha a mhionach na sgàilean.



Dh'iarr e facal-faire,
is fhuair e sin gun dàil ann.



Dh'iarr e 'n uair sin air **Seiseag**
a dhol air a corra-biod,
a còta a shineadh a-mach
gus an cumail à siud.

Smaoinich **Bubba** gu dian
is roghnaich e trì rudan,
peasair is craobhan
is eòin bheaga ghobach.








Shin Peata a ghàirdeanan
ceithir-thimcheall an t-seada,
bhrùth e a làmhan teann
is ghlas e 'n doras gu sgreadach.

Cha robh ach Bubba a-mhàin
a b' urrainn an doras fhosgladh,
oir bha fhaclan mar iuchair
a chumadh ulaidh gu seasgair.






Nochd na starragan gu sgiobalta
is bhrùth iad na trì **fhaclan**,
ach thagh iad gu ceàrr
mo chreach is mo **nàire!**




An dèidh trì oidhirpean
ghabh iad eagal **mòr**,
chaidh an dùdach dheth
's dh'fhalbh iad mar bhad **ceò!**





Rinn **na Bongles** lachan-gàire
is na deòir sìos bha **sruthadh**.

Na starragan gòrach ud
chan fhad' a bhiodh **guth orra!**




Toilichte gun robh an ulaidh
tèaraint' 's air a **dìon**,
na starragan air am bacadh
's iad a' dol às an **rian**.





Chuir **Seasag** a-mach aodach
's iad a bha **spaideil**.
Leis na bha a' dol,
cha robh guth air **cadal**.



Truinnsearan is cupannan
is bonnaich gu **leòr**.
Dh'ith iad uile còmhla
gu grinn is gu **còir**.






Lìon **Eachann** na glainneachan
's shuath e iad le pìos **craoibhe**.
Nan cluinneadh tu am fuaim,
chuireadh e a **dhanns'** thu.

Tè às dèidh tè
thàinig na starragan a **choimhead**
an danns' 's am fealla-dhà
a' sìor dhol am **meud**.





Cuid a' danns' le adan,
cuid eile le drathairsean,
bha na starragan cho èasgaidh
's gun tàinig am pathadh orra.

Bha **na Bongles** lag a' gàireachdainn.

Na starragan amaideach ud!
Iad a-nis nan dlùth-dhàimhean,
's cha b' ann nan nàimhdean ac'.


Leabhraichean Eile:

Peata Inneal-nighe

Biadh-boise Uilebheist

Seasag Is Niseag

Dinnear TBh




Gnìomhachdan ionnsachaidh:



Tadhailibh air thebongles.com

airson gnìomhachdan ionnsachaidh
is beò-dhealbhadh.



Air a chruthachadh is dealbhaichte le

Dean Queazy

Air a sgrìobhadh le

Oscar Van Heek

Air a riochdachadh le

Frances O'Neill

Dealbhadh Grafaigeach le

Viola Madau

Air eadar-theangachadh le

Johan Nic a' Ghobhainn

Deasaichte le

Beathag Mhoireasdan

An sgeulachd le

Oscar Van Heek, Frances O'Neill, Dean Queazy

Le taing do

Calla Piercy, Luke Turner, Daniel Sellers, Louise Foreman




Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam
bith den teacsa seo ath-chruthachadh air dhòigh sam
bith, gun chead ro-làimh bho

Story Learning Ltd

Na Bongles

agus Na Starragan Carach



Tha trì bucais fhiodha a' tighinn air tìr air Eilean Bongle. Aodach ann an aon dhiubh, truinnsaran is cupannan ann am fear eile agus pàidhean fallain ann am fear eile.

Tha na Bongles airson na h-ulaidh ùir a chumail sàbhailte bho na starragan carach.

Ach am faigh na starragan carach tro ghlasan agus facail-faire nam Bongles, agus am faigh iad na bucais làn ulaidh dhaibh fhèin?

Fhuair leasachadh air Na Bongles agus Na Starragan Carach taic bho Riaghaltas na h-Alba ann an com-pàirteachas le Foghlam Alba.



supported by

National Cyber
Security Centre

Cyber
Aware 



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba



Education
Scotland
Foghlam Alba



theBongles.com



FSC
www.fsc.org

MIX

Paper | Supporting
responsible forestry

FSC® C023105